



6.2.

H.M. 315.

*Prudentia*

Not in *Manuscript Today*?











# LUCAS HEYWOOD:

AN

SEARBHANTA CITSIN GAELACH;

AGUS

## CATRIONA BHEAG.

---

" Agus tha eadar-dhealachadh oibreachaidh ann, ach is e an t aon  
Dia, a tha ag oibreachadh nan uile nithe anns na h-uile "—1 Cor xii 6.

---

GLASGOW:  
DUNCAN MACVEAN.

1849.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION



## LUCAS HEYWOOD.

---

MU mheadhon na linn' a chaidh seachad, bha sgìreachd Resoluis air a beannachadh le aon do na ministeirean bu ro fheumala agus bu shaoth-rachaile a chunnaic Eaglais Chrìosd riamh. 'N uair a choinnicheas ainm Mhr. Eachain Mhic-Phail sùil an leughadair thuathaich, bheir e gu 'chuimhne mòran do na naidheachdibh drùidh-teach a tha coitchionn a measg shean daoine na cèarna sin 's am mò an robh do eòlas air a shaothair, agus feudar a ràdh gu m' b'i sin an dùthaich tha ri taobh chladaichean Bhiuli, agus caolas Chromba. Tha e air aithris gu 'n robh an duine comharraichte so air a dhùsgadh gu cùram spioradail an deigh dha bhi air a shuidheachadh ann an dreuchd na ministreileachd, agus gu'n robh e rè sheachd bliadhna ann am mòr thrioblaid namama, agus fad thri bliadhna do 'n uine sin, gu'n robh cradh 'inntinn cho mhor 's nach b' fhiosrach eis, tàmh aon oidhche ionlan fhaotuin rè na

h-ùine. 'N uair a bha e fo 'n iomagain chràiteach agus fhadalach so, no, mar theirear gu freagarrach le luchd-labhairt na Gàelic, 'n uair a bha e fo "obair lagha,"—thug e bòid shòluimte, nam be 's gum bi toil an Tighearna aithne thoirt dha air a thròcair ann am maitheanas peacaidh agus sealladh soilleir air a chòir fhein ann an Crìosd, nach rachadh e gu bràth seachad air peacach, ris am faigheadh e cothrom air labhairt, gun aire a stiùradh gu nithibh cudthromach na siorruidheachd, agus impidh dhùrachdach a chur air gabhail ris an t-Slanuighear sin a fhuair e fein. Bha Mr. MacPhail a coilionadh na bòide so air mhodh cho coguiseach 's gu'n d' ionnsaich each beag bàn air an do mharcaich e, na uile thurusan a bhi seasamh, dhe thoil fein cho luath 's a' thigeadh e suas ri fear-turuis, agus cha b' ainmig leis a' cheithir-chosach Ghaidhealach so 'ann an dorchadas, udlaidh na h-oidliche am fàsalachd fhiadhaich na Maoile buidhe, rabhadh a thoirt do sheirbhiseach dileas Chrìosd gun robh comhpheacach eigin fagus do làimh, agus gu'n robh e fiachaichte air teachdaireachd a liubhairt dha bho 'n t-Slanuighear agus teann sparradh thoirt dha gabhail ri gràdh an t-Slanuighear. Bha a mhiann agus iarrtas arson slainte anamaibh ro dhian ; bu tric leis 'n uair a thachradh balachan buachaille

air, a bhi g'a fhuran da ionnsuidh, agus 'n uair a threoraicheadh e inntinn gu nithibh cudthromach na diadhachd bheireadh e dha beagan airgid ; a gabhail geallaidh dheth aig a' cheart àm gu'm biodh e o sin suas g'a chleachdadh fein ri urnuigh : bha 'n giulan mar so fo fhiachaibh, ann am fìrinn agus onair, a ghealladh a choilionadh. Tha e air aithris gu'n robh e aon uair a marcachd ann an cuideachd ministear eile do Ionarnis, agus thainig carbad riomhach air aghaidh, le aon do na morairean dearga, a bha gu bhi suidh ann am breitheanas 's a' bhaile, air an latha sin fein. Thuirt Mr. MacPhail ri fhear-turuis, gum feudadh so a bhi na chothrom glòrmhor air math a dheanamh do neach a bha cumhachdach anns an t-saoghal, agus dh' iarr e air cuideachadh leis, ann am buil fheumail thoirt as a chothrom luachmhor so a thainig, gun suil air bith ris. Is coltach gur h-e bh' ann 's an fhear eile aon do na ministearan sin, a bha cumta ris an t-sreing riaghailt, agus a chumas iad fein ris a' ghnath-fhocal sgriobturail so, "Deanar na h-uile nithe gu deadh mhaiseach agus a reir orduigh," mar sin cha robh do eud ann na ghiulaineadh e thairis air crìochan cothromach, agus dhiult e gu sìobhalta aontachadh leis : Ach dh' fholuim Mr. MacPhail o chioun fhada a bhi "ullamh," cha'n ann a

mhain ann “an am,” ach mar an ceudna, ann “an an-àm;” mar sin tharruing e ris a’ charbad, agus labhair e gu modhail ris a’ Mhoraire, agus an deigh beagan seanachais chuir e na chuimhne gu’n robh am mòd ’s an robh e gu bhi na bhreitheamh na shamhladh air mòd eile, aig am feumadh esan e fein a bhi air a thaisbeanadh, cha ’n ann mar bhreitheamh, ach mar neach air am biodh breth air a toirt; agus dh’ asluich e air, le urram agus mòr chaoimhneas, gum breithnicheadh e gu ceart air nàdur a chuisse fein, agus gu’n cuireadh e i ann an laimh an àrd Fhir-thagraidh a tha maille ris an Athair, a bhios gu bràth na fheartagraidh buadhach, do bhrìgh gur esan e fein an iobairt-reitich air son ar peacanna. Bha choslas air a’ Mhoraire gu’n do dhruidh na briathran so air, agus thug e mòr thaing do Mhr. Mac-Phail air son a dhilseachd, maille ri cuireadh gu tighinn ’g a fhaicinn ’n uair rachadh a’ chuirt thairis.

Tha moran naidheachdan do ’n t-seorsa so air an aithris mu ’n duine shaothrachail agus ionghradhach so, agus bu tric a bha na h-oidheirpean so ann an “an-àm” air am beannachadh air mhodh slainteil do na h-anamaibh sin a bha e ag iarraidh a chosnadh, cìod air bith doigh leis an biodh iad air an toirt a stigh. Am measg chuid

eile feudaidh e bhi gur h-e an sgeul a leanas aon as ro chomharraichte dhiubh.

Tha sgìreachd Resoluis a luidh ri taobh tuath do chaol Chromba ; agus goirid bho 'n Tòiseachd, air taobh na h-àirde 'n ear Ann an dol da ionnsuidh bho chòrsa Inbhir-narruinn, feumar dol thar aiseag Aird-nan-saor, agus dol troimh an Eilein-dubh. An deigh ochd no naoidh mhiltean do astar troimh fhàsach chianail monaidh, coinnichidh eaglais agus tigh ministear Resoluis am fear-turuis, ann an ionad a thugadh o chionn ghoirid gu feum, o'n staid fhàsail 's an robh e aig an àm ud. Mu 'n àm an do thachair an ni tha mi dol a dh'innseadh bha Reiseamaid Shasunnach an Aird-nan-saor a bha ciontach do gach mi-stuaim agus droch chleachda air son an robh an t-arm Breatunnach comharraichte aig an àm sin. Air do bhaile nan Caimbeulach a bhi astar beag o 'n Didein, (Garrison,) Chaidh margadh feòla chur suas ri taobh na mara, dìreach fo 'n Didein, gu bhi goireasach do na saighdearan. Air do Mhr. MacPhail a bhi latha air a thurus dachaidh chaidh noille chur air aig an aiseag, air do 'n bhàta bhi air taobh eile a' chaoil. Air dha fein 's do'n each bhàn a bhi nan seasamh ri oir na mara, hainig saighdear do'n mhargadh fheòla, agus air tha sealltuinn air ceithreamh muilt-fheoil, dh'

fheoraich e phrìs. Dh' innis am feoladair dha a' phrìs. Le mionnan eagalach, anns an d' thug e slainte shiorruidh anma ann an geall, dhiult e a phrìs a chaidh ainmeachadh ; ach mu dheireadh, an déigh mòran deasboireachd thug e seachad ar dearbh phrìs a dh' iarr am feoladair ; thog e leis an fheòil agus dh' fhalbh e. Air do Mhr. Mac Phail a bhi na sheasamh dlùth dha rè na h-ùine chual e gach focal do'n chòmhradh a bha eatorra air a lionadh le uamhas ris a' chunnart eagalach anns an do chuir an saighdear anam fein, ghabh e fàth air labhairt ris mu thimchioll ; cha b' luaithe dh-fhàg e margadh na thug am ministear oidheirp air e fein a chur na rathad gu 'thàlad gu conaltradh.

“ Is breagh 'n là so, a shaighdeir,” ars' esan.

“ Seadh, gu dearbh,” ars' an saighdear 's e cu a làimh r' a churachd.

“ Am buin thu do'n daingneach ?”

“ Buinidh, agus gu dearbh 'se 'n t-àite neo-inn inneach e.”

“ Tha mi faicinn gur Sasunnach thu ; ciod ainm dhuit ?”

“ Lucas Heywood, le 'r cead.”

“ 'S math am mìr muilt-fheoil a fhuair thu sin, a reir coslais.”

“ Seadh, agus bha e saor, cuideachd.”

“ Am feud mi fheoraich ciod a thug thu air.”

“ Dh’ innis an saighdear a’ phrìs.”

“ O ! a charaid,” arsa Mr. MacPhail, “ thug thu barrachd as sin air.”

“ Cha d’ thug,” arsa Lucas Heywood, agus e sealltuinn le iongantas, “ cha d’ thug mi ach sud air ; sin an duine bho ’n do cheannaich mi e, agus feudaidh esan innseadh dhuit ciod a chosd e.”

“ Gabh mo lethsgèul, a charaid ; thug thu d’ anam neo-bhasmhor air a shon. Ghuidh thu gu’n damnadh Dia d’ anam nan tugadh tu air a’ cheart phrìs a dh’ ainmich thu ; agus a nis, ciod a dh’ eireas dhuit ?”

Bha ’m bàta aiseig a nis deas, agus chaidh Mr. MacPhail air bòrd, agus chaidh Lucas Heywood air ais do’n Ghearasdan. Thilgedheth a churachd ; shuidh e air fùrn anns an fheachd-thigh, (bar-rac,) agus thoisich e ri smuaineachadh air a’ chainnt a bha eadar e fein agus an coigreach a choinnich ris aig an aiseag. Bha briathran deal-achaidh an duin’ uasail na chuimhne, “ Thug thu d’ anam air a shon ; agus a nis, ciod a dh’ eireas dhuit ?” “ Gu cinnteach,” smuainich e ris fein, “ ’Se ’n fhirinn a bh’ aig a’ choigreach. Tha anam agam, ged is beag nach do dhichuimhnich mis e gu’m bheil ; agus thug mi ann an geall e

air son mìr do mhuilt-fheoil. Ma ta cha robh mi a ciallachadh sin, ach ciod dheth sin, rinn mi e ; agus a nis ciod a dh' eireas domh ?” Bha 'leithid so do smuain neo-thaitneach eadhon dhàsan, mar sin dh' fheuch e ris gach ni a thachair aig an àm fhogradh as a chuimhne. Ach cha do shoirbhich leis ; bha a chognis ri h-obair fein, agus dhiult i fuireach na tosd. Bha briathran a' choigrich a seirm 'n a chluasan mar bhinn bàis anama : “ Thug thu d' anam neo-bhasmhor air a shon ; agus a nis, ciod a dh' eireas dhuit ?” Ann an cruaidh-ghleachd agus uamhas inntinn dh' éirich e, thug e an t-aiseag air, agus rainig e, 's anail na uchd, a feoraich air son Mhr. 'io Phail.

“ C' ait am bheil an duin' uasal ?” arsa Lucas ris an fheoladair.

“ Co an duin' uasal ?” ars' am fear eile.

“ An duin' uasal a bha air a sgeudachadh an eudach dubh, aig an robh an t-each bàn, agus a dh' innis domh gu'n robh m' anam cailte.”

“ Oh 's e ministear Resoluis tha thu a' ciallachadh, feumaidh tu dol greis mu'm beir thu air, oir chaidh e thairis bho cheann còrr 'us leth uair.”

Bha 'm bàta gu dol thairis a ris, agus chaidh Lucas Heywood innte an run an coigreach ud a



leantuinn, a labhair ris, air mhodh cho druidhteach.

Dh' fheoraich e do'n luchd-aiseig ciod an taobh a rachadh e, leum e mach as a' bhàta mu'n gann a ràinig i tìr, agus dh' fhalbh e co luath 's a b'urrainn e air a thurus. Cha 'n fhios duinn ciod na faireachduinnean a bha aige 'n uair a bha e dol ceann-ruisgte troimh bhaile beag Rosemarcie, no 'm feadh a bha e dol gu dian air aghaidh tre fhàsach chianail na Maoile-buidhe ; cha mho tha fhios againn 'n tomhas iongantais a ghabh an cibeir no'n coiteir a' faicinn an t-saighdear ann an dian chabhaig a feoraich am facas coslas minist-eir air each bàn a' dol seachad, oir b'e so na b'urrainn esan innseadh mu' thimchioll. Co dhiubh ràinig e tigh a' mhinisteir mu fheasgar, agus dh' asluich e gu dùrachdach gu'm faiceadh se e ; thugadh a stigh e air ball. Cha 'n 'eil fhios againn cionnus a fhreagaradh a ghiùlan, ri riaghailtean an airm, ach 'se thachair gu'n d' fhan Lucas ann an Resoluis rè na h-oidhche sin agus fad dà latha na dheigh Bha e chuid bu mhò do'n ùine gu bunaiteach maille ris a' mhinisteir 'na sheomar-meorachaidh (study). Cha b'e seomar-faosaid,\* seomar Mhr. 'ic Phail, ged is iomadh

\* Seomar-aideachaidh an t-sagairt Phapànaich.

anam bochd a chaidh a dh' iarraidh comhairle air an duine dhiadhaidh ; agus na'm bu chomasach gu'n cumadh ballachan an t-seann seomair sin cuimhne air na faireachduinnean d'an d' thug am ministear eisdeachd, bu tarbhach an cuimhneachan e air na doilghiosan spioradail a bha tighinn mu choinneamh, agus b' fheumail e dhoibhsan ris am bheil an dreuchd chudthromach cheudna ann an earbsa agus aig am bheil na dleasdanas cheudna ri choilionadh. Ged bu lionmhor, agus eadar-dhealaichte na cuisean spioradail do 'n t-seorsa so, anns an robh comhairle an duine ro dhiadhaidh so air iarraidh, tha e na cheist an robh e riamh air a ghairm gu bhi roinn ri cuis cosmhuil ri cuis an duine so. Bu chuis neo-chumanta i ; oir ann an dà latha ghoirid chaidh e troimh na ceuman sin a rinn suas eachdraidh iompachaidh Mhr. 'ic Phail rè sheachd bliadhnaibh. “ Tha ghaoth a seideadh far an àill leatha, agus tha thu cluinntinn a fuaim, ach cha'n eil fhios agad cia as a tha i teachd no e' àite tha i dol ; is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreth o'n spiorad.” Bu chomharraichte a bha 'n earrain so air a dearbhadh ann an seomar Mhr. 'ic Phail 'n uair a bha e fein agus an saighdear air an gluinibh le chéile air feasgar an dara latha. Bha iad le chéile 'nan sampuill air an dà dhoigh shonruichte 's am bheil

peacaich air an iompachadh, 'se sin r'a radh, an doigh obann agus abhaiseach. Bha 'm fear dhiubh, tha nis a togail a ghutha ann an taing-ealachd agus buidheachas, fad sheachd bliadhna fo uamhunn agus mhòr dhorchadas inntinn as eugmhais comais na fhaireachduinn fhein gabhail ris an t-Slanuighear-am feadh tha 'm fear eile a gul le aoibhneas do-labhairt o'n t-sìth agus an t-suaimhneas tha e mealtuinn maille ri Dia, eadhon am fear sin a bha da latha roimhe sin, na cheann-iuil d'a chompanaich ghorach, thoibheumach, pheacach, gidheadh d'a thaobhsan ged a bha e mar sin aon uair, feudar a nis a ràdh gu'n robh e cho cinnteach air a bhreith o'n spiorad ris an fhear eile. Gun teagamh 'se doigh ghnàthaichte an Spioraid a bhi toirt 'obair fein air aghaidh a chuid 'sa chuid ; tha e ma dh' fheudas sinn a' chainnt a chleachdadh, co-chordadh na 's fearr ri dealbh inntinn an duine gu'n oibriceadh e air a' mhodh so, agus gu'm biodh an t-anam air a threorachadh troimh chùrsa do rannsachadh curamach iomagaineach, gu làn dhearbh bheachd air a chòir shlainteil ann an obair Chrìosd ; air chor 's gu'm bheil an dol air aghaidh bho " Ghràs na fhochan " gu " Gràs fo dheis " gle mhall athaiseach mar is bitheanta. Tha sinn ag ràdh gur e so doigh ghnàthaichte an Spioraid, agus air ar

son fein dheth, tha barrachd earbsa againn as an doigh oibreachaidh so na air an doigh neo-chumanta ud eile, cho fhad 'sa dh' fheadas sinn breth a thoirt a reir coslais. Ach cha 'n eil teagamh gu bheil Spiorad uile-chumbhachdach Dhe ag oibreachadh air uairibh as eugmhais nam meadhonaibh gnàthaichte ; agus mar a ghaoth a " sheideas mar a 's àill leatha " nach eil an comhuidh ag analachadh gu seimh, tlàth, agus cùbhraidhach air uairibh a brùchdadh a mach le gairge na cuairtghaoith, gu bli ach beag le luathas an dealanaich a sguabadh air falbh gach ni a sheasadh na slighe. Is ann eadhon mar sin a tha obair neo-chuibhrichte an Spioraid shaoir agus chumbhachdaich sin, a ni cha'n e a mhain " trocair air an neach air an dean e trocàir," ach a dh' fhoillsicheas a ghràs tearnaidh mar a's àill leis. Bha araon am ministear agus an saighdear a bha air a ghlùinibh maille ris, mar a thuirt sinn cheana, nan samhlaidhean air an dà mhodh air am bheil obair an iompachaidh, air a toirt gu buil. 'N uair a bha iad a cur suas an urnuigh le cheile aig àm a bhi dealachadh, nach feudadh gach aon dhiubh a bhi mothachail co fìor 'sa tha briathran an Abstoil. " Tha eadar-dhealachadh oibreachaidh ann, ach is e'n t-aon Dia a tha 'g oibreachadh nan uile nithe anns na h-uile." Ach feumaidh

sinn Mr. MacPhail fhàgail 'na sheomar cràbhaidh ann an Resoluis, agus an saighdear a leantuinn air ais gu didean Aird-nan-saor. Bu shona dhuinne, nam b'urrainn duinn co-aontachadh leis anns an "òran nuadh" leis an robh e a dùsgadh mactalla an fhàsaich air an t-slighe air ais troimh 'n Mhaol-bhuidhe.

"Thug e á slochd uamhuinn mi,  
 'S á clabar criadha tiugh;  
 Air carraig chomhnaird chuir mo chos,  
 Mo cheuman shocrnich e," &c.

Mar a' bhan Shamaritanach thòisich Lucas Heywood a nis ri bhi gràdhachadh anamaibh eile agus maille ri Daibhidh ri ràdh r'a chompanaich, "Thigibh, agus cuiridh mi 'n ceill duibh na nithibh a rinn an Tighearna air son m' anama." Bha am focal mar theine na chnamhan agus cha b'urrainn e gun a bhi labhairt air na nithibh a chunnaic agus a chual e."

Thoisich e ri bhi gleidheadh choinneamhan urnuigh agus ri mineachadh nan Sgriobtuirean d'a cho shaighdearan. A chuid 's a chuid dh' fhàs eud agus diadhachd an t-saighdear so iomraiteach anns a' choimhearsnachd; bha sluagh an Tighearna air an lionadh le iongantas ri bhi cluinntinn gu'n robh an duine sin, a bha roimhe so ri fanoid orra, a nis mar Phòl a' searmonachadh

a' chreidimh sin a bha e aon uair a sgrios, agus ghloraidh iad Dia as a leth. Thainig cuid eile a bhàrr air na saighdearan gu bhi feitheamh air a choinneamhan urnuigh, gus fadheoidh am faicte an sluagh a tighinn 'n am buidhnibh a dh' fheitheamh air mìneachadh an duine iongantach so. B' abhaist do sheann fhear-dàimh do'n sgrìobhad-air a bhi tighinn á sgìreachd Ardchlach maille ri moran eile. Tha sgìreachd Ardchlach mu shea mile deug bho Aird-nan-saor; agus bha eolas pearsanta aig an duine so, air seann mhaighstirsgoile diadhaidh a bha na cho-shaighdear do Lucas, agus a bha aon uair na òganach gle fhiadhaich agus ghorach, agus a bha, a bhàrr air mòran eile, air iompachadh aig na coinneamhan urnuigh a measg nan saighdearan anns an Didean. Ach cha b'urrainn cùisean buanachadh fada mar so, gun a bhi dùsgadh naimhdeis nan ain-diadhaidh. Bha ceannard na cuideachd d'an robh Lucas, ro chruaidh an aghaidh nan coinneamhan so, agus is tric a bhagair e Lucas a sgiùrsadh. Air uair araidh chuir e fios air, agus dh' innis e dha gun robh e dol a mach bho 'n Daingneach air an latha sin; agus bhagair e le bòid ro oillteil, nan cluinneadh e 'nuair thilleadh e gum biodh Lucas a cumail choinneamhan, gu'n òrduicheadh e a sgiùrsadh gu goirt. Ach cha do phill an ceannard

riamh air ais—Chaidh e fein agus oifigeach eile a shealgaireachd dluth air Cuilodair, agus air dha bhi 'g ealadh air cùl callaid droighinn a gabhail fàth air féidh, ghabh a bhrathair e mar a chualas, ann an riochd eoin no beathaich seilge, loisg e air agus mharbh e ann an larach nam bonn e.

Goirid na dheigh so, chaidh an reisimeid orduchadh do Shasunn, agus bha e air aithris gun do cheannaich Lucas a shaorsa as an Arm, agus gu'n d' thainig e gu bhi na mhinisteir ro fheumail anns an t-soisgeul. Leig e dheth a bhi na shaighdear do Rìgh Deorsa, a chum gu'm biodh e na aon do shaighdearan a' chroinn-cheusaidh, ach cha 'n eil teagamh againn nach bu tric a chluinnteach ballachan Eaglaise toirt ath-fhuaim do na briathran so, “Tha mi toirt buidheachais do Iosa Crìosd ar Tighearna, a neartaich mi do bhrìgh gun do mheas e mi dileas, g'am' chur 'sa mhinistreachd ; A bha roimhe, am fhear labhairt toibheum, am fhear geur-leanmhuinn agus am dhuine eucorach. Ach fhuair mi tròcair, do bhrìgh gu 'n d' rinn mi so tre aineolas ann am mi-chreideamh.”

# AN SEARBHANTA CITSIN GAIDHEALACH.

THA an sgeul a leanas, a tha gle aithnichte anns na cearnaibh sin do'n dùthaich far an robh Mr. MacPhail gu sonruichte a saothrachadh, a' taisbeanadh an eud do-sgìthichte, leis an robh e air a chleachdadh, ann an aobhar a mhaighstir, agus an rathad comharraichte anns an robh oidheirpean air am beannachadh. Bha Mr. MacPhail air àm a dol gu coinneimh Ard-sheanaidh na h-Eaglais do Dhun-eidin; stad e car oidheche aig tigh-òsda beag ann an earrann do mhonaidhean fàsail siorramachd Ionarnis. B'e abhaist ciod air bith àite am biodh e cur seachad na h-oidheche, gu'n gairmeadh e gach neach a bhiodh a stigh gu frithealadh air aoradh-teaghlaich. Air an oidheche so mar an ceudna ghairm e gach neach a bha 's an tigh. 'Nuair a shuidh a' chuideachd uile 'sa thugadh na Biobuill a làthair; agus iad a feitheamh ri dol an ceann an aoraidh, sheall Mr. MacPhail mun cuairt agus dh' fheoraich e, an robh gach neach a bha 'san tigh air tighinn a làthair. Fhreagair fear an tìghe gu'n robh.

Am bheil iad uile stigh? dh' fheoraich am ministear a rithist.



“Tha” arsa fear an tighe, “tha sinn uile an so, ach caileag bheag tha 's a' chitsin, ach cha 'n eil sinn uair air bith g'a toirt a stigh, oir tha i cho salach 's nach eil e iomchuidh gu'm faicte i.”

“Thugaibh a stigh a' chaileag,” arsa Mr. MacPhail, 's e cur sìos a Bhiobuill a ris, an deigh dha 'fhosgladh; “feithidh sinn gus an tig i.”

Thòisich fear an tighe ri 'leth-sgeul a ghabhail, Dh'òrduich am ministear le sprochd a toirt a nìos. Bha anam neo-bhasmhor aig a' chaileig, agus anam ro luachmhor mar an ceudna, mur robh i cleachte ri bhi frithealadh air aoradh teaghlaich bu mhò a bha do fheum aice air tighinn a nis. “Iarraibh a stigh i.” Cha labhradh e smid gus an tigeadh i.

Dh'aontaich fear an tighe fa-dheireadh, chaidh an searbhanta citsin a thoirt a stigh, agus chaidh an t-aoradh air aghaidh.

'Nuair a bha 'n t-seirbhis seachad, thug Mr. MacPhail a' chaileag a leth taobh, agus thòisich e air a ceasnachadh mu chor a h-anama, agus mu a leas sìorruidh. Fhuair e i anabarrach ain-eolach.

“Co a rinn thu,” ars' am ministear, 's e tòis-eachadh ri cur nan ceistean sin a bhithear am bitheantas a cur ri cloinn bhig.

Cha robh fios aice.

Am bheil fios agad gu'm bheil anam agad?

“Cha 'n eil; cha chuala mi riamh gu'n robh anam agam. Ciod e sin?”

“Am bi thu ag urnuigh uair air bith?”

“Cha 'n fhios domh ciod a tha sibh a ciallachadh.”

“Mata tha mise 'dol do Dhun-eidin agus bheir

mi ad' ionnsuidh neapaicin-muineil, ma gheallas tu dhomh gu'm bi thu ag aithris urnuigh a theagaisgeas mi dhuit; agus cha'n 'eil i ach ro ghoirid; cha'n 'eil innte ach ceithir facail. 'A Thighearna foillsich *mi fein* dhomh'; agus ma dh' aithriseas tu i gach moch 'us anmoch, cha dearmaid mise an ni a gheall mi a thoirt ad ionnsuidh."

Bha chaileag bhochd air a lionadh le aoibhneas; bha mir do sgeadach ùr na annas dh'ise, bha an smuain ro shòlasach; bha'n cumha ro fhurasda; bha 'n gealladh air a thoirt gu h-ealamh; agus an deigh do Mhr. MacPhail ciall agus brìgh na h-urnuigh a mhineachadh dhi, chaidh e gu fois, agus air an ath-mhaduinn dh' fhalbh e air a thurus.

Ged bha aig Mr. MacPhail ri frithealadh air mòran ghnòthaichean am feadh a bha e ann an Dun-eidin, cha do dhichuimhnich e 'n tigh òsda no an searbhanta beag; ach air dha bhi earbsach gu'n coilionadh i a gealladh, cheannaich e an neapaicin a shaoil ise a bha gu 'deanamh sona.

Goirid an deigh sin ghabh an duine beannaichte so a thurus a dhol dachaidh. Air feasgar ciuin samhraidh, thainig e rithist gu oidheche eile chur seachad anns an tigh òsda cheudna. Chaidh an t-each bàn a chur a stigh gu sàbhailte, agus nu'n cuireadh am ministear mir d'a shuipeir ri 'bheul, thug e gairm do bhuill an teaghlaich tighinn gu aoradh Dhé. A rithist bha an searbhanta citsin air chall, agus a rithist dh' fhiosraich am ministear ciod a b'aobhar dha so. Ach 'se caochladh aobhair a bha 'g 'a cumail air a h-ais an uair so.

"Gu dearbh," arsa bean an tighe ri Mr. MacPhail, "bha i air glè bheag do fheum dhuinne, bho na bha sibh fein an so roimhe; cha d' rinn i

ni air bith ach na suidhe ag glaodhaich a dh'oidheche 's do latha ; agus tha i nis co lag 's nach urrainn i éiridh bho 'n leabaidh."

"O mo bhoirionnach math, feuchar dhomh a' chaileag air ball," ars' am ministear, ghrad bhreithnich e ciod a b' aobhar do a doilghios. Thugadh e gu toll dorcha a bha fo 'n staidhir, far an robh an creutair beag na luidhe air leabaidh chonnlach, agus e furasd fhaicinn gu 'n robh i fo chruaidh-ghleachd inntinn agus an eigin spioradail.

"Seadh mo leanabh," ars' an duine gràdhach, 'se labhairt gu caoimhneil rithe, so agad an neap-aein a thug mi ad ionnsuidh a Dun-eidin ; tha dòchas agam gu'n d' rinn thusa mar a gheall thu, agus gu'n robh thu 'g aithris na h-urnuigh a theagaisg mi dhuit."

"O cha ghabh, cha ghabh, cha'n urrainn mi am feasd 'ur tiodhlac a ghabhail ; b' e 'n tiodhlac daor dhomsa e ; theagaisg sibh dhomhsa urnuigh a fhreagair Dia air doigh uamhasaich ; *Dh' fhoillsich* e dhomh mi fein, agus cia uamhasach an sealladh e ! A mhinistear, a mhinistear, ciod a ni mi ?"

Cha ruig sinn a leas a ràdh gun do chuir so aoibhneas air seirbhiseach dileas Dhé, a faicinn mar chunnaic e gu'n robh spiorad Iehobhah ag oibreachadh gu gràsmhor 's an anam òg so, ged is ann fhathast mar spiorad na daorsa, ann an toirt air aghaidh creideamh a bha fathast neo-choilionta, ged bha e firinneach, agus a toirt aobhar dòchais, gu'm foillsicheadh e fein ri ùine, mar spiorad na h-uchd-mhacachd ; a gintinn na eridhe lan earbsa agus muinghinn, agus gu'n treoraich-



eadh e i gu bhi 'glaodhaich " Abba Athair." Ach cionnus a fhreagras a leithid so do fhaireachduinn 's do fhein fhiosrachadh ris a' bheachd neonach sin a tha 'g àicheadh obair shonruichte an Spioraid naoimh ann an iompachadh? Cia as a fhuair an leanabh nighinne so ann an còrr agus seachduin ùine le a bli gnathachadh na h-urnuigh ud a theagaisgeadh dhith an t-eolas domhain fein-fhiosrachail so air a cridhe féin? Cha b'urrainn i focal Dhe a leughadh, agus is cinnteach nach robh a bheag anns an teaghlach mhi-churamach ud, aig an robh co fhulangas rithe; cia as ma ta a thainig an gath soluis ud a shoillsich ann an tiota seomar dorcha a h-anama, agus mar a dhoirt e stigh a sholus treun soilleir air a tuigse dhorcha, a leig e i fein ris di na h-uile thruaillidheachd oillteil agus uamhasaich? Is e Spiorad Dhé a dh' oibrich, agus a thainig gu bhi ann an comh-chomunn blath r'a h-anam beo, ann an rathad ro shonruichte, agus air an robh i fein; agus an saoghal feolmhor aineolach. "Is e bh' ann, Spiorad na firinn, neach nach urrainn an saoghal a ghabhail do bhrìgh nach eil e g'a fhaicinn, ni mò tha eolas aig air;" ach b'aithe dh' ise e, oir bha e a chomhnuidh maille rithe, agus innte. Saor on doigh so cha'n urrainn sin cunntas a thoirt cionnus a b' urrainn ise, bha co tur aineolach, tiota beag roimhe sin, 's gun d' fheoraich i " ciod a bha ann an anam?" Ruigheachd air an eolas àrd agus theare sin uimpe fein air an d' thainig i. Nis cha'n e tha 'n so, sgeul fallsa, air a dhealbh air son cion-fàth air bith. "Cha'n eil mi 'g innseadh ach an ni chaidh innseadh dhomh;" ach co a leughas e a dh' àicheadhas an dearbh

fheum th' air obair shònruichte an Spioraid, agus gu'n comhnuicheadh an Spiorad beannaichte sin gu dluth agus gu pearsanta 's an iompachan air a chur a mach r' a anam mar fhreagradh do'n urnuigh sin: "A Thighearna foillsich mi fein dhomh." An deigh beagan tuille conaltraidh, dh' fhoillsich am ministear diadhaidh do'n chaileig bhochd slighe na slainte, agus dhealaich iad, air dha urnuigh eile a theagasg dhith nach robh ach gle ghoirid, ach gidheadh a bha ro bhrioghmhor: "A Thighearna foillsich *Thu fein* dhomh." Air teachd na maidne, ghabh am ministear a thurus dhachaidh. Ach thilg e aran air "aghaidh nan uisge;" an d' fhuair e rithist e "an deigh mhor-ain do laithibh?"

Chaidh iomadh bliadhna seachad, agus bha am ministear a bha 's an am ud, na dhuine calma foghainteach, air fas na sheann duine, lag breoite, air a chaitheamh ann an seirbhis a Mhaighstir; is gann gu'm bu chomasach gu'm biodh e ni bu mhò air a "chaitheamh" do bhrìgh gu'n robh e cheana caithte air son Chrìosd. Air latha àraidh dh' innis a sheirbhiseach dha, gu'n robh coigreach ag iarraidh 'fhaicinn, agus labhairt ris. Chaidh so a cheadachadh, agus chaidh boirionnach eireachdail suidhichte na coslas a stigh do'n t-seòmar-mheorachaidh, agus achlasan (parcel,) mòr aice g'a ghiùlan.

"Is gann gu'n aithnich sibh mi, a mhinistear, ars' ise, le giulan modhail, urramach."

Fhreagair am ministear nach robh e g'a h-aithneachadh.

"Am bheil cuimhne agaibh air searbhanta cit-sin a bh' ann an tigh-òsda—a bha mòran do

chùram agaibh d'a h-anam, air 'ur turus do Dhun-  
eidin?"

Bha deadh chuimbne aig Mr. MacPhail air a'  
chùis.

“Is mise a' chaileag bheag a bh' ann an sin; theagaisg sibh dhomh dà urnuigh ghoirid, ach gidheadh ro sheadhail. Leis a' cheud aon diubh, bha mi air mo thoirt gu bhi faireachduinn m' fheum air Slanuighear; leis an dara h-aon, bha mi air mo threorachadh gu bhi faighinn seallaidh dhe 'n t-Slanuighear fein; agus gu bhi faicinn Iehobhah na Dhia ath-reitichte, agus na Athair ann an Criosd. Rinn mi pòsadh measail, agus tha mi ann an deadh chothrom a thaobh nithe na beatha so; agus ged tha teaghlach mòr cloinne agam, choisich mi astar fada gu sealladh d' 'ur gnuis fhaicinn, agus g'ur misneachadh le bhi 'g innseadh dhuibh le mo bheul na nithe glormhor a rinn an Tighearna ri m' anam tre na meadhonan a bh' air an cleachdadh leibh-se.”

Mu'n do dhealaich i ris an duine bheannaichte, dh' asluich i air gu 'n gabhadh e uaiphe an tiodhlac a thug i d' a ionnsuidh; 'se bh' ann eideadh mòr anairt a shniomh i fein fada roimhe an am sin, gu 'thoirt na ghibht do 'n t-seam duine ghràdhach nam b'e 's gum biodh e gu bràth air a cheadachadh dhi aghaidh fhaicinn 's an fheoil.

Bha i beo rè iomadh bliadhna, cha 'n ann a mhain comh-sheasmhach na cliù, ach na Ban-chriosduidh ro naomh.

B'e mo mhiann cuid do na smuaintean, a tha 'n sgeul comharraichte so a' dùsgadh 'n am inntinn a chur sìos. Ach cha 'n ann a' searmonachadh a tha mi, 's ann a tha mi sgriobhadh naidheachd

shimplidh. Ach cuiream aon cheist ghoirid ris an leughadair mu'n sguir mi. A charaid, am faca tu riamh *Thu fein?* An robh deachamh thru-aillidheachd do chridhe 's do nàduir fein air a leigeil ris dhuit? Mur robh, cha'n fhaca agus cha d' fhairich thu riamh, d' fheum air Slanuigh-ear bho 'n pheacadh, agus 's ann a dh' fheumar tòiseachadh riut aig ceud dol a mach an eolais fhein-fhiosrachail, agus an urnuigh so a theagasg dhuit, "A Thighearna foillsich *Mi fein* dhomh."

## CATRIONA BHEAG.

---

RUGADH CATRIONA Nic-a' Ghobha ann am Paba, eilein beag ann an Loch Roaig, far an robh seachd teaghlaichean a chomhnuidh. O'm bochduinn, agus aonaranachd an àite, cha robh e 'n an comas sgoil a thoirt d'an cloinn ; ach bha Ceit bheag na h-eisimpleir air an fhìrinn, gu bheil clann Dhé uile air an teagasg leis fein, oir cha robh i ach dà bhliadhna dh'aois 'n uair a bha e air a thoirt fainear, gu'n sguireadh i d'a cluich, agus gu'm paisgeadh i a lamhan beaga le urram, aig àm aoraidh an teaghlaich ; aig trì bliadhna dh'aois, bu cleachdadh leatha, bhi 'g aithris an treas Salm thar fhichead, le 'leithid do thlachd 's do dhùrachd 'sa bha nochdadh gu soilleir, gu 'n robh i, mar uan d'a threud ag amharc ris a' bhuachaille mhaith. Theagaisg a parantan dhi urnuigh 'n Tighearna, agus bhiodh i ga h-aithris, cha 'n ann a mhain aig na h-amannaibh suidhichte, ach gu minic an tosdachd na h-oidhche. Bu tric leatha bhi sparradh dleasdanas na h-urnuigh, cha 'n e 'mhàin air a' chloinn, ach mar an ceudna air a pàrantuibh, agus dh' innis i d'a h-athair gu'm biodh a braithrean 'sa peathraichean a magadh, 'sa



gabhail oirre, air son beannachd iarruidh air a' bhìadh, a bhiodh air fhagail aca 'n uair a bhiodh am pàrantan o'n tigh. Aig àm eile 'nuair a bha i mu thuairream sea bliadhna dh' aois, air dhi bhi buachailleachd maille r' a companaich, labhair i riutha mu mhaise Chrìosd. Thubhairt iadsan, dh' fheudta g'a dearbhadh, gu 'n robh e dubh. Dh' fhag i iad, agus phill i dhachaidh, ro mhul-adach, agus thubhairt i, "Chuir a ehlann trioblaid ro mhor orm an diugh. Cha teid mi leo tuilleadh, oir thubhairt iad gu 'n robh Crìosd dubh, agus chràidh sin mo spiorad." Dh' fheoraich a pàrantan dhi ciod am freagradh a thug i dhoibh. "Dh' innis mi dhoibh," ars' ise, gu'n robh Crìosd geal agus sgiamhach 'na eideadh.

Tha e coltach gu 'n robh inntinn an leinibh so air a soillseachadh gu bhi faicinn maise spioradail an t-Slanuighear, 'n uair nach robh beachdan a companach a ruigheachd ni b' fhaide na àille chorporra a mhàin. Theireadh iadsan ni sam bith gu ise dheanamh diombach, agus air dhi bhi na bu tuigseiche, bha a spiorad fo dhoilghios airson nach robh iadsan a "faicinn maise na griuneas ann-san" d'an d' thug a h-anam gràdh, gu 'n iarradh iad e." Theagamh nach eil Crìosduidh air bith, gu fìor air a dhaingneachadh ann an creidimh agus ann am foighidinn, gu 'n a bhi air a dhearbhadh le geur-leanmhuinn. Tha so a' nochdadh do 'n chreidmheach, truailidheachd a ehridhe, a tha nis air dusgadh suas leis an naimhdeas a tha cur na aghaidh, agus a toirt cothrom dha a dhearbhadh nach nàr leis soisgeul Chrìosd. Bha an dearbhadh a chuireadh air an leanabh ghràdhach so, comh-fhreagarrach ri

h-aois, 's ri h-inbhe, agus i air taobh an Tighearna a cumail focal na beatha cho daingean 'sa dheanadh neach a bhiodh ni b'fhaide fo shaothreachadh an spioraid.

Air do 'n urramach Iain Domhnullach, ministèir na Toisidheachd a bhi searmonachadh ann an sgìreachd Uig, bha parantan Ceit, am measg a' mhòr shluaigh a chaidh g'a éisdeachd. 'Nuair a phill iad dachaidh bha iad a labhairt mu ni a bha am ministèir ag radh mu fhoirmeilachd na h-ùrnuigh a bh'aig mòran, agus an aineolas air spioradalachd an dleasdanas sin; agus a reir an cuimhne air an t-searmoin, thubhairt e, gu 'n robh seann ùrnuighean gun tairbhe aig mòran, agus gu 'n robh mor fheum aca air an Spiorad g'an teagasg gu ùrnuigh a dheanamh. Thug an leanabh an aire dha so, agus dà latha na dheigh sin thubhairt i ri 'mathair, "Is mithich dhomh-sa sgur do m' shean ùrnuigh." "Cha 'n 'eil thu fein no t-ùrnuigh sean," thubhairt a mathair, ach fhreagair ise, "Feumaidh mi sgur dhiubh, agus a bhi 'g ùrnuigh mar a theagaisgeas an Tighearna mi." An deigh so, bu chleachda dhi bhi dol do dh' aitibh uaigneach, a dh' ùrnuigh. Aig àm araidh phill a piuthar a b' òige dhachaidh gun ise leatha; 'n uair a dh' fheoraicheadh dhi e' ait an d' fhàg i Ceit, thubhairt i, "Dh' fhàg mi i 'g ùrnuigh." Thubhairt a h-athair gur minic a shuidh e 's an leabaidh, ag éisdeachd r'a guth òg, binn, a cur suas na h-athchuinge so, le dùrachd cridhe, "O saor mi o'n bhas spioradail agus shiorruidh." O h-aite comhnuidh bhi cho iomallach, cha deachaidh Ceit riamh do'n Eaglais,—ach bha an t-Sàbaid na toil-inntinn dhi,—bu tric

a ghairmeadh i a bràithrean 's a peathraichean a stigh bho'n cleasachd, ag iarraidh orra dol maille rithe a dh' ùrnuigh, agus gu dleasdanas eile, a toirt rabhaidh dhoibh, nam buanaicheadh iad a mi-naomhachadh na Sàbaid, agus ann an cion tlachd do aoradh Dhé, gu'm biodh iad air an sgrios. Chunnaic a mathair i a sealltuinn le geur aire air teine mòr, agus dh' fheoraich i, " Ciod a tha thu faicinn 's an teine? Tha mi faicinn," ars' ise, " gu'm b'eagalach mo chor nan tuitinn 's an teine sin, eadhon ged bhithinn air mo thoirt as air ball; ach O mo thruaighe! cha tig iadsan a bhitheas air an tilgeadh do theine ifrinn as gu siorruidh." Air là eile, bha i coiseachd air bruaich aonich, agus dh' eubh i ri 'mathair, 'si 'g amharc sios, " Cia eagalach a bhiodh ar cor nan tuiteamaid leis a' chreig so, ged bhitheamaid air ar togail a ris; ach cha togar a chacidh iadsan a bhitheas air an tilgeadh do dhoimhneachdaibh ifrinn "

Fhuair a mathair i aon uair na sìneadh air furr, 'sa gnuis dubhach, agus labhair i rithe le fearas-chuideachd, gu a h-inntinn a thogail. Ach bha cridh' an leinibh air a lionadh le smuaintibh soluimte mu'n t-siorruidheachd; agus an àite gaire a dheanamh, 's ann a fhreagair i gu stòlda, " O mhathair, tha sibh a cur doilghios air mo spiorad, b' fhearr leam 'ur cluinntinn ag ùrnuigh." Bha 'n t-siorruidheachd ro dhluth dhi gun teagamh, agus bha Spiorad Dhé ga h-ullachadh air a son. 'Nuair a dh' eirich i air madainn àraidh, thubhairt i, " O nach sinne na creutairean aingidh a chuir Criosd gu bàs." Fhreagair a mathair, agus toil aice a chluinntinn, ciod a theireadh

leanabh cho og, mu 'leithid do chuis, " Bha Criosd, a Cheit, air a chur gu bàs fada mu'n d' rugadh sinne." Fhreagair an leanabh gu tuigseach, agus thubhairt i, " a mhàthair, ged is mis' is òige na sibhse, bha mo pheacaidhean ga cheusadh." Beagan na dheigh sin thubhairt i, " Nach iongantach gu 'm b' urrainn Criosd a bhi air a chur gu bàs, 's gu 'm b' e fein Dia, agus cumhachd aige na h-uile 'mharbhadh ; ach gu cinnteach 's ann mar dhuine chuir iad gu bàs e, oir tha e eu-comasach Dia a mharbhadh." Bu tric leatha bhi 'g aithris earannan do dhànaibh spioradail Pharuig Grand, gu sònruichte an te tha toiseachadh le, " S ann tha 'n eifeachd a'm fuil an Uain." 'N uair a thigeadh i gu deireadh na roinn, " Nach 'n 'eil speis di a reir a luach," dheanadh i tuireadh le briathraibh drùidhteach air son na firinn muladaich, gu bheil fuil Chriosd air a meas cho suarach. Chual i daoine diadhaidh a comh-labhairt mu'n mhuinntir a nigh an trusgain agus a rinn geal iad ann am fuil an Uain, agus thubhairt i riutha, " Nach iongantach an ni sin am feadh 'sa tha fuil eile 'salachadh ni a thumar innte, gu'm bheil i so a glanadh 's a' deanamh geal." Aig am air an robh Murchadh Macleoid ann am Paba, a comh-lionadh a dhleasdanas mar sheanair, ged bha Ceit bheag ro dheidheil air a chluinntinn bha nàir oirre dol a stigh do 'n tigh 's an robh e 'n ceann an aoraidh ; ach streap i gu bonn na h-uinneig, agus shuidh i 'n sin gus an robh crìoch air an dleasdanas. 'N uair a dh' fhoighneachd neach dhi eiod a chual i, thubhairt i gu 'n robh uamhas oirre chluinntinn, gu 'n do thairg Criosd e fein do mhòran 'n ar tìr, a tha diùltadh gabhail

ris ; agus gu'n robh e nis a dol a dh' àitibh eile fad as, a chosnadh anama ; ach thubhairt i, 's a cridhe air a ghluasad fo throm fhaireachduinn, " O co aig tha fios nach pill e do 'n àite so a ris."

Goirid an deigh dhi bhi seachd bliadhna dh' aois, bhuaill an trioblaid sin i a dh' fhosgail a slighe gu Neamh. 'N uair a dh' fheoraich a h-athair dhi, co bu mhò ris an robh truas aice do na bha i fàgail na deigh, fhreagair i gu'n robh truas aice do na h-uile bha i fàgail gun Chrìosd. Bha mòran padhaidh oirre na tinneas, 's air d' a mathair a bhi neo-dheonach a thoirt di na bha i 'g iarruidh do 'n uisge fhuar, ghnathaich i droch innleachd g'a mealladh, 's thubhairt i gu'n robh an tobar air tiormachadh. Air an ath-latha 'n uair a chunnaic an leanabh bochd uisge air a thoirt a stigh air son feum an tighe, bha a cridhe air a chràdh, agus thubhairt i, " O mhathair ghaoil, nach sibhse dh' innis a' bhreug mhòr an de, 'n uair a thubhairt sibh gu'n robh an tobar tioram, O na deanaibh a leithid sud tuillidh, oir cuiridh e fearg air Dia." Fad a tinneis, bha i air a neartachadh gu bhi da rìreadh a toirt umhlachd do 'n àithne sin, " Deanaibh ùrnuigh gun sgur," agus bha i gu tric a tagradh ris an Tighearna gu'n sealladh e nuas, agus gu'm fiosraicheadh e tìr a duthchais. Air maduinn an là mu dheireadh a chaith i air thalamh, thubhairt a h-athair, Tha aobhar a bhi taingeil gu bheil sinn a faicinn là eile. Dh' fhosgail Ceit a sùilean, agus thubhairt i, " O Aon naoimh Israel, saor mi o'n bhàs," ath-chuinge a ghnàthaich i gu bitheanta am feadh a bha i 'na slàinte, agus aig an robh, gun teagamh,

suil ri bàs spioradail agus siorruidh. Thug a h-athair fainear gu'n robh i samhach, a' chuid bu mhò do'n latha, 's thubhairt e, " Cha'n' eil mi g'ad chluinntinn ag ùrnuigh mar b'àbhaist ;" Fhreagair ise, " Athair ghràdhaich, tha mi 'g ùrnuigh gun sgur, ged nach ann air-son gu'm bheil sibhse 'g iarruidh orm. 'N uair a bha 'm bàs dluth do làimh, chualas i ag ràdh, " O fuasgail mi o'n bhàs." Chrom a h-athair os a ceann, agus thubhairt e, " A Cheit, c'ait a bheil thu nis?" " Tha mi," ars' ise, " air an tràigh ;" agus air ball chaidh a h-anam a chur fa sgaoil do chuan mòr na siorruidheachd. Ann am mìos deireannach na bliadhna 1829, bha 'n leanabh iriosal so air a giùlan o'n eilein bho chd 's an d' rugadh i, do'n ionad bheannaichte sin, far am bheil muinntir shaorta an Tighearna a faotunn an dachaidh, agus dh' fhàg a h-ainm fàile cùbhraidh 'na dheigh.

































X

